

Bogsa-brosnachaidh a' Chanàil Chailleannaich



Is es stòras do na clasaichean aig ceann shuas na bun-sgoile agus ceann shìos na h-àird-sgoile a th' anns a' Bogsa-brosnachaidh. Thathas ga ùrachadh fad na tìde agus gheibh sgoiltean a tha a' dol a thadhal air a' Chanàil Chailleannach agus/no a tha a' dèanamh pròiseact ma dheidhinn, am Bogsa air iasad an-asgaidh airson teirm. Tha e ri fhaighinn bho Oifis a' Chanàil Chanilleannaich aig Sligheachan-uisge Bhreatainn, Seaport Marina (Fon: 01463 725 500) agus tha a h-uile càil ga chunmail ann an seann mhàileid mhòr le iomadh sanas neònach air!

Tha dà mhàileid den aon seòrsa ann agus tè glè choltach riutha ga cur air dòigh le Luchdglèidhidh (Rangers) Comhairle na Gàidhealtachd. Faodar na tha na broinn atharrachadh a rèir far bheil an sgoil tha ga h-iarriadh.

A thruilleadh air am Bogsa-brosnachaidh fhèin fhaighinn, faodiadh sgoil irraidh air cuideigin bho sgioba foghlaim is coimhearsnachd Sligheachan-uisge Bhreatainn tadhal orra mus tèid iad air turas don chanàil no nuair a tha iad aid tilleadh.

Chaidh am Bogsa-brosnachaid a dheasachadh le sgioba a' Chanàil Chailleannaich aig Sligheachan-uisge Bhreatainn còmhla ri Bun-sgoil Bhaile an Fhraoich ann an Inbhir Nis, agus iad ag amas gu mòr air a' Churraichealam ùr airson Sàrr-mhathais nuair a rinn iad e. Faodar a chleachdadh le clasaichean de ionadh aois is comas, agus tha e freagarrach airson obair ioma-cuspaireil eadar Beurla, Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Saidheans, matamataig agus eile. Am measg na tha ann tha:

Caochladh sgrìobhainnean ann an còmhdach plastaig stèidhichte air stòrasan tasglainn airson obair-phròiseict a bhrosnachadh le molaidhean air ciamar a chleachdar gach fear san t-seòmar-sgoile

Mapaichean suirbhidh an òrdanais agus gobhail (compasses)

Seann mhapaichean de dh'àiteachan eòlach

Dealbhan ann an còmhdach plastaig (cuid bhon là an-duigh, cuid bhon tasglann agus cuid bhon adhar)

Gnìomhan loidhne-tìm plus

Tha uiread stòrasan ann is nach b'urrainnear an sealltainn gu lèir air loidhne, ach seo eisimpleir air aon de na gnìomhan a tha stèidhichte air stuth tasglainn:

Earrann bho Ag Obair le pàipearan tasglainn a' Chanàil Chailleannaich seat 4 (Sgrìobhainn àir. 5a agus 5b)

SOITHCHEAN BATHAR

Notaichean luchd-teagaisg

Is iomadh carago eadar-dhealaichte a chaidh a ghiùlan thar na h-Alba air canàl. Bha sgadan ann tric airson gu robh e na phàirt de phrìomh bhaidh na mòr-chuid ann an Alba susas gu an Dàrna Cogadh agus fìu às a dhéidh. Bha bàtaichean-iasgaich aig a h-uile port agus bhiodh clann-nighean an sgadain ag obair a' sgoltadh an èisg. Obair chruaidh, fluar - agus abair fàileadh!

Seo ceistean is cuspairean a bhiodh freagarrach airson obair leis na pàipearan seo bhon 19mh Linn/tràth san 20mh Linn:

Dè a' phris (ann an tastain S agus sgillinnean D) a bh' air baraille uighean? (5a)

Ciamar a bha cnodhan is adharc (a chkeachdadh mar thodhar sna seann làithean) ga ghiùlan (5a)

Dè mu dheidhinn fùdar-gunna (cwt=ceud-cothrom)? (5a)

Ma bha thu a' ghiùlan tunna de bhathar den t-seòrsa 'Table III' dè a chosgadh e a dhol 60 mìle bho Amar Chlachan na h-Aire don Chorpach? (5b)

Dè mu dheidhinn bathar 'Table I' bho Obar Itheachan gu Cille Chuimein? (5b)

Dè mu dheidhinn bho Bhainbhidh Uarach gu Drochaid Chille Bheathain (Bught Bridge)? (5b)